



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Plana Gniomhachais 2024-2025

Ar Lèirsinn: tha sealbhachadh agus cleachdadh fearann a' cumail taic ri daoine agus àiteachan soirbheachail

An Ro-innleachd againn: Daoine, Cumhachd is Soirbheachas

Bidh sinn ag obair gus na builean àrd-ìre seo a choileanadh:

Daoine - bidh daoine a' com-pàirteachadh agus a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean mu mar a thathar a' cleachdadh fearann;

Cumhachd - tha cumhachd agus smachd air fearann air a cho-roinn nas fharsainge tro sheilbheadaireachd is riaghlaigh eadar-mheasgte;

Soirbheachas - tha luach agus buannachdan an fhearrainn air an cleachdadh gu cothromach gus soirbheas agus leas eaonamach a chruthachadh.

Nì sinn seo le bhith:

- A' toirt seachad comhairle air lagh, poileasaidh is cleachdadh;
- A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba;
- A' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus teantan tro dhleastanasan Coimiseanair Tuathanachas Màl;
- A' com-pàirteachadh le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis;
- Tha seo stèidhichte air deagh riaghlaigh corporra agus leasachadh buidhne.

Geàrr-chunntas air ar priomhachasan airson 2024/25

Daoine	Cumhachd	Soirbheachas
A' toirt seachad comhairle agus fianais gus taic a chumail ri cruthachadh bile ath-leasachadh fearainn èifeachdach		
A' cleachdadh ath-leasachadh fearainn gus aghaidh a chur air dùbhlan taigheadais na h-Alba.	A' cur an gnìomh seilbheadaireachd fearainn agus riaghladh nas eadar-mheasgte ann an cleachdadh	A' cleachdadh luach fearainn na h-Alba gus taic a chumail ri Togail Beartas Coimhearsnachd
A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba		
A' com-pàirteachadh le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis		
Deagh riaghladh corporra agus leasachadh buidhne.		

Ann an 2024-25 lìbhrigidh sinn am Prògram Obrach againn mar a leanas:

1 A' comhairleachadh mu ath-leasachaidhean air lagh, poileasaidh agus cleachdad – bheir sinn seachad fianais, mion-sgrùdadh agus comhairle do Mhinistearan na h-Alba, dhan Phàrlamaid agus do luchd-ùidh.

Prògram Obrach	Fòcas lìbhrigidh airson 24/25
1.1 Ath-leasachaidhean reachdail	<p>Thoir seachad comhairle, mion-sgrùdadh agus fianais mar a dh'fheumar gus leasachadh agus buileachadh ath-leasachaidhean reachdail fhiosrachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> - Fianais agus comhairle gus Bile Ath-leasachaidh an Fhearrainn fhiosrachadh - Thoir seachad fianais agus comhairle gus bilean a dh'fhaodadh a bhith air an toirt a-steach fhiosrachadh, a' gabhail a-steach Bilean Togail Beartas Coimhairsnachd agus Còraichean Daonna. - Gairm Fòram Comhairleachaidh Fearainn is Chòraichean Daonna
1.2 Riaghladh fearainn nas eadar-mheasgte	<p>Thoir seachad comhairle agus brosnaich cothroman ann am poileasaidh agus cleachdad gus taic a thoirt do mhodailean nas eadar-mheasgte de riaghladh fearainn</p> <ul style="list-style-type: none"> - Crìochnaich an ire sgòpaidh agus an rannsachadh às dèidh sin air na chaidh ionnsachadh gu h-eadar-nàiseanta mu riaghladh ghoireasan nàdarra - Thoir seachad comhairle agus stiùireadh air cothroman practaigeach gus diofar mhodailean riaghlaidh a chruthachadh, a' gabhail a-steach riaghladh measgaichte agus barrachd ruigsinneachd air gabhaltasan-fearainn beaga - Cruthaich molaidhean airson ath-leasachaidhean air Fearann a' Mhaith Choitchinn. - Gairm Buidheann Stiùiridh Fearann Coimhairsnachd gus barrachd obair leasachaidh a dhèanamh air seilbheadaireachd fearainn coimhairsnachd - Lean air adhart a' co-obrachadh le Oighreachd a' Chrùin Alba air iomairt luathachaидh fearainn coimhairsnachd - Cùm taic ri Sgeama Gluasad Seilbh gun Sealbhadair aig KLTR tro bhallrachd pannail agus comhairle

1.3 Dòighean-obrach a thaobh luachadh fearainn	Dèan ath-sgrùdadh agus rannsachadh air dòighean-obrach a thaobh luachadh fearainn.	<ul style="list-style-type: none"> - Cruthaich comhairle air dòighean san urrainn do luach an fhearrainn taic a chumail ri togail beartas coimhlearsnachd, a' togail air obair a rinneadh roimhe air fearann agus cìsean
1.4 A' cruinneachadh fearainn airson leasachadh	Thoir taic do mhodailean cruinneachaidh fearainn co-obrachail agus fiosraich poileasaidh agus cleachdadh gus leasachadh a chur an comas	<ul style="list-style-type: none"> - Thoir seachad comhairle air dòighean practaigeach gus solar fearainn a leudachadh gus cuideachadh le bhith a' fuasgladh dùbhlann taigheadais na h-Alba - Fiosraich ath-sgrùdadh Riaghaltas na h-Alba air cumhachdan Òrdugh Ceannach èigneachail
1.5 Fearann Falamh is Trèigte	Dèan lèirmheas air adhartas gus an spionnad a chumail ann a bhith a' libhrigeadh mholaidhean Buidheann Gniomha Fearann Falamh is Trèigte	<ul style="list-style-type: none"> - Cuir crìoch air seo agus foillsich lèirmheas adhartais mu choinneamh mholaidhean na Buidhne Gniomha air Fearann Falamh is Trèigte

2 A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba – bheir sinn seachad comhairle agus stiùireadh gus daoine agus buidhnean a chuideachadh gus prionnsabalan Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba a chur an gnìomh.

Prògram Obrach	Fòcas libhrigidh airson 24/25	
2.1 Deagh chleachdadh ann an seilbheadaireachd, cleachdadh agus stiùireadh fearainn	Cruthaich agus thoir taic do bhualeachadh Phròtacalan Còraichean is Dleastanasan Fearainn le stiùireadh agus sgrùdaidhean cùise nan cois	<ul style="list-style-type: none"> - Brosnaich agus co-roinn deagh chleachdadh ann a bhith a' cur an gnìomh Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn. - Ath-nuadhaich agus ùraich Prògram an Deagh Chleachdaidh agus nan goireasan gus cur ri ruigsinneachd agus gus an ire-chleachdaidh a bhrosnachadh
	Lìbhrig prògram leantainneach de chompàirteachadh agus de CPD airson àidseantan fearainn agus proifeiseantaich eile ann an co-obrachadh le com-pàrtichean	<ul style="list-style-type: none"> - Libhbrig trèanadh do dh'aidseantan fearainn agus proifeiseantaich eile ann an co-obrachadh leis na buidhnean riochdachaидh aca gus irean àrda a bhrosnachadh a thaobh còraichean agus dleastanasan fearainn
	Thoir seachad comhairle do shealbhadairean fearainn agus manaidsearan a tha ag iarraidh a	<ul style="list-style-type: none"> - Thoir seachad comhairle agus stiùireadh fa leth gus taic a chumail ri bhith a' cruthachadh deagh chleachdadh

	<p>bhith for-ghniomhach ann a bhith a' buileachadh Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn</p>	<ul style="list-style-type: none"> - Beachdaich air mar a nithear leasachadh a bharrachd air bun-inbhean airson ceannardas ann an deagh chleachdad
	<p>Thoir comhairle do choimhairsnachdan agus sealbhadairean fearainn nuair a thèid draghan a thogail mu chur an gnìomh na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn gus taic a chumail ri deagh chleachdad</p>	<ul style="list-style-type: none"> - Dèan obair-cùise gus taic a chumail ri deagh chleachdad agus gus deagh dhàimhean a bhrosnachadh eadar uachdarain agus coimhairsnachdan - Dèan lèirmheas gu cunbalach air obair-cùise gus comharrachadh na chaidh ionnsachadh a thaobh poileasaidh agus cleachdad
	<p>Gairm a' Buidhnean Comhairleachaidh air Deagh Chleachdad mar dhòigh chunbalach gus conaltradh agus co-obrachadh a chumail le luchd-ùidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> - Co-obraich le prìomh bhuidhnean gnìomhachais gus deagh chleachdad a chur air adhart agus gus taic a thoirt dhaibh
2.2 Buannachdan coimhairsnachd agus togail beartas bho atharrachadh cleachdad fearainn agus bho chalpa nàdarra	<p>Foillsich Stiùireadh agus cùm taic ri cleachdad ùr-ghnàthach gus dèanamh cinnteach gun tig atharrachadh air cleachdad fearainn agus ionmhas nàdair gus buannachdan sòisealta is eaonamach a chruthachadh do choimhairsnachdan ionadail, a' gabhail a-steach a bhith a' gairm na Buidhne Comhairleachaidh air Buannachdan Coimhairsnachd</p>	<ul style="list-style-type: none"> - A' gairm na Buidhne Comhairleachaidh air Buannachd Coimhairsnachd gus ceannardas agus co-òrdanachadh a thoir seachad ann a bhith a' lìbhrigeadh buannachdan coimhairsnachd bho fhearrann - Thoir seachad comhairle agus stiùireadh gus taic a chumail ri lìbhrigeadh buannachdan coimhairsnachd bho fhearrann, a' gabhail a-steach dreuchd com-pàirteachais ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaидh Ruaidh - Fiosraich deasachadh frèam Riaghaltas na h-Alba air frèam margaidh nàdair Riaghaltas na h-Alba agus bun-inbhean margaidh na RA gus Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn a leabachadh

3 A' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus luchd-gabail tro dhleastanasan Coimiseanair

Tuathanachas Mìl - bheir sinn taic do lìbhrigeadh gnìomhan reachdail Coimiseanair Tuathanachas Mìl, a' feuchainn ri co-chòrdadh fhaighinn leis a' phrògram obrach nas fharsainge againn.

Prògram Obrach		Fòcas libhrigidh airson 24/25
3.1 Còdan Cleachdaidh, Stiùireadh agus Obair-cùise	Dèan cinnteach gu bheil Còdan agus Stiùireadh a' cur aghaidh air cùisean làithreach agus cùisean a' tighinn am bàrr gus taic a chumail ri deagh dhàimhean	<ul style="list-style-type: none"> - Foillsich Còdan agus Stiùireadh ùra mar a bhios a dhìth. - Tarraing air na dh'fhiorsraich sinn gus ullachadh nan ceumannan a thaobh gabhaltasan àiteachais ann am Bile Ath-leasachadh an Fhearrainn fhiorsachadh - Leudaich an sgeama eadraiginn
	A' freagairt ceistean mu obair-chùise no caised sam bith de bhriseadh nan Còdan Cleachdaidh	
3.2 Leigeil Seachad is Sònachadh Theanantachdan.	Coilean an riatanas reachdail neach-luachaidh fhastadh nuair a bhios feum air seo gus an gabh teantanachdan àiteachais a leigeil seachad agus a shònachadh.	<ul style="list-style-type: none"> - Dèan cinnteach gu bheilear a' coileanadh riatanasan reachdail - Ùraich am pròiseas agus an stiùireadh mar as iomchaidh
3.3 Ròl nan Àidseantan - ath-sgrùdadhbh air adhartas	Dèan lèirmheas air adhartas le molaidhean Coimiseanair Tuathanachas Mìl ann an ath-sgrùdadhbh 2018 air giùlan àidseantan proifeasantan nan uachdaran àiteachais agus aig teantan.	<ul style="list-style-type: none"> - Crìochnaich agus dèan conaltradhbh air an ath-sgrùdadhbh air adhartas
3.4 Fòram Comhairleachaidh Thuathanaich Mìl	Gairm am Fòram mar dhòigh chunbalach airson conaltradhbh agus co-obrachadh le luchd-ùidh	<ul style="list-style-type: none"> - Gairm coinneamhan Fòram cunbalach gus taic a chumail ri ceannardas agus co-obrachadh.

4 A' com-pàirteachadh le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis – nì sinn cinnteach gum bi am poball agus luchd-ùidh an sàs san obair againn, togaidh sinn co-nbrachadh agus cleachdaidh sinn na dleastanasan againn gus diofar sgilean agus lèirsinnean a thoirt còmhla le fòcas co-roinnte.

Prògram Obrach		Fòcas lìbhrigidh airson 24/25
4.1 Com-pàirteachadh Poblach	A' brosnachadh agus a' fiosrachadh a' chòmhraidih phoblaich mu fhearrann agus ath-leasachadh fearann tro fhoillseachaidhean, blogaichean, na meadhanan agus conaltradh	<ul style="list-style-type: none"> - Ullaich prògram ùraichte de chom-pàirteachadh poblach - Cuir an gnìomh Plana na Gàidhlig - Dèan ath-sgrùdadh air ro-innleachd nam meadhanan-sòisealta
4.2 Conaltradh is tachartasan	A' ruith prògram de thachartasan air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh gus cuideachadh le bhith a' cur ri tuigse agus com-pàirteachadh ann an cùisean co-cheangailte ri fearann ann an Alba	<ul style="list-style-type: none"> - Prògram leantainneach de thachartasan gus taic a chumail ris a' phrògram obrach - Dèan lèirmheas air agus cuir ri ruigsinneachd agus comas na làraich-lìn - Dèan am feum as fheàrr den rannsachaidh is de na molaidhean a th' ann mar-thà - Margaidheachd didseatach gus com-pàirteachadh a stiùireadh is gus conaltradh fhiosrachadh am measg luchd-ùidh
4.3 A' toirt luchd-ùidh còmhla	A' toirt daoine còmhla gus co-nbrachadh agus lèirsinn a bhrosnachadh thar nan roinnean co-cheangailte ri fearann mar a dh'fheumar agus tro bhuidhnean seasmhach a' gabhail a-steach Buidheann Stiùiridh Fearann Coimhairsnachd, Fòram Comhairleachaidh Fearainn is Chòraichean Daonna, Fòram Comhairleachaidh Tuathanachas Màil, Buidheann Comhairleachaidh air Deagh Chleachdadh.	<ul style="list-style-type: none"> - Gairm buidhnean stèidhichte agus cum sùil air cothroman gus daoine eile a thoirt còmhla gus taic a chumail ri ceannardas agus co-nbrachadh
4.4 A' cur ri comas rannsachaidh	A' toirt cothrom do luchd-rannsachaidh ùra ann an ath-leasachadh fearann	<ul style="list-style-type: none"> - A' cumail taic ri cothroman PhD còmhla ri com-pàirticean sna h-oilthighean - Duais oileanaich bhliadhnaile - Gabh pàirt ann an Lìonra Acadaimigeach Fearainn

5 A bhith nar buidheann èifeachdach – tasgaidh sinn anns na siostaman agus anns an luchd-obrach againn gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn ar prìomh amasan a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach

Prògram Obrach	Fòcas lìbhrigidh airson 24/25
5.1 Planadh gnìomhachais is ionmhasail	<p>Dèan cinnteach gu bheil planadh gnìomhachais is ionmhais èifeachdach ann gus taic a chumail ri lìbhrigeadh èifeachdach den phrògram obrach againn</p> <ul style="list-style-type: none"> - Sgrùdadhbh ionmhais bhon taibh a-muigh - Leasachaidh ann an aithris air lìbhrigeadh - Ath-sgrùdadhbh buidseit mìosail is dealbhadh ionmhais ràitheil - A' cumail sùil air na buaidhean air a' bhuidhinn a dh'fhaodadh a bhith aig bile ath-leasachadh an fhearrainn
5.2 Leasachadh na buidhne	<p>Tasgaich san sgioba-obrach againn le bhith a' cur air dòigh prògram de leasachadh buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil an Coimisean na àite tarraingeach airson a bhith ag obair</p> <ul style="list-style-type: none"> - Plana trèanaidh is leasachaidh - A' toirt a-steach PCC a bharrachd le fòcas air sùil a chumail air slàinte is sunnd luchd-obrach - Ath-sgrùdadhbh air prìomh phoileasaidhean HR agus portal HR ùr
5.3 Gnìomhachd air a' ghnàth-shìde	<p>Dèan cinnteach gum bi adhartas ann le bhith a' coileanadh nan amasan gnàth-thìde againn.</p> <ul style="list-style-type: none"> - Sgrùdadhbh agus plana gnìomh gnàth-shìde ùraichte - Aithris cunbalach dhan Sgioba-stìùiridh, ARC agus dhan Bhòrd
5.4 Riaghladh chunnartan	<p>Dèan cinnteach gu bheil an Coimisean mothachail air agus gum bi e a' freagairt air cùisean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air ar comas gus am prògram obrach againn a lìbhrigeadh</p> <ul style="list-style-type: none"> - Lèirmheasan cunnairt ro-innleachdail agus buidhne cunbalach - A' sgrùdadhbh cunnartan ARC - Teisteanas Cyber Essentials Plus - Deuchainn a dhèanamh air a' planadh leantainneachd gnìomhachais

Sgrùdadh Coileanadh

Thèid aithris air adhartas air lìbhrigeadh dhan Bhòrd gach ràithe tro aithisg adhartais a' gabhail a-steach PCCan.

Prìomh Chomharran Coileanaidh	
Raon gnìomhachais	Prìomh Chomharra Coileanaidh
Lìbhrigeadh	90% de loidhnichean lìbhrigidh air an comharrachadh mar uaine, agus an dùil gun tèid an lìbhrigeadh
Conaltradh	Meudachadh ann an ruigsinneachd conaltraidh (air a sgrùdadh anns gach seòrsa mheadhanan)
Sunnd agus sàsachd luchd-obrach	Àrdachadh ann an riarachas luchd-obrach air aithris tro thoraidhean suirbhidh luchd-obrach
Ionmhas	Caiteachas an da-rìribh aig deireadh na bliadhna gu bhith taobh a-staigh ro-chosg de 2% den bhuidseat a chaidh a riarachadh

Buidseat Bliadhnaill 2024-25

RIARACHADH BUIDSEIT IOMLAN			
	2024-25	2023-24	
Teachd a-steach:	£'000	£'000	
Tabhartas gus Cuideachadh	1600	1559	
Caiteachas			
Coimiseanairean	79	75	
Luchd-obrach	1173	1050	
Corporra is Leasachadh na Buidhne	225	195	
Conaltradh is Tachartasan	62	91	
Prògramm is pròiseact	80	148	
CAITEACHAS IOMLAN	1619	1559	